

Coinneamh: Bòrd-stiùiridh
Ceann-là/Àm: 27 Ògmhios 2024 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Bùird an làthair:

Màiri T NicAonghais (MTNA) [Cathraiche]

Dòmhnall K Mac a' Phi (DKM)

John Neil Dòmhnallach (JND)

Rob Dunbar (RD)

Donald MacAoidh (DMA)

Michelle NicLeòid (MNL)

Jennifer Gilmour (JG)

Seonaidh Charity (SC)

Stewart MacLeòid (StML)

An làthair:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail (ED)

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (IMM)

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra (NP)

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan (KNG) – *Puing 6*

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais (KNG)

Leisgeulan:

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim (JMH)

Fàilte bhon Chathraiche

Chur an Cathraiche fàilte air a h-uile duine don seisean fosgailte den choinneimh.

1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean

JG – Riaghaltas na h-Alba

MNL – Oilthigh Obar Dheathain

SC – Comhairle na Gàidhealtachd, SQA

1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Ionmhas

2.1. Aithisg Ionmhas

NP provided Members with an overview of the Finance Report and noted that at the 31 March 2024 the total spend almost agreed with the total budget for the year, coming in at just £3k under budget. There was a cash balance of £20,714 in the bank at the end of the year and permission was sought from the Sponsor Division to carry this forward for operational purposes. Members commended staff on their work in reaching the budget figure so closely when there were so many variables throughout.

Decision:

Members noted the information in the paper.

3. Plana Corporra is Coileanadh

3.1. Aithisg air PCCan 2023/24

Thug IMM fios gu robhar air a bhith ann an suidheachadh àraid, eadar dà Phlana Nàiseanta is Corporra agus gu robh an aithisg seo mar dòigh airson coimhead air ais air na chaidh a choileanadh. Thogadh gu robh seo a' sealltainn gun do chùm BnG air adhart leis an obair aca agus gu robhar fhathast a' coileanadh na PCCan tron ùine seo.

Thugadh fios as ùr air adhartas leis am Plana Nàiseanta is Plana Corporra ùr agus ciamar a bhios iad seo a' bualadh obair air BnG. Bheachdaich e air gluasad air adhart san dòigh as iomchaidh don bhuidheann. Thogadh gum biodh e cudromach a bhith a' cumail sùil air goireasan airson dèanamh cinnteach gu bheil iad seo uile ga chleachdadh san àite cheart a rèir PCCan na buidhne.

Thug Buill moladh don luchd-obrach airson an obair a thathar a' dèanamh tron bhliadhna.

Thug IMM fios gu robh aithisg DC Research deiseil airson fhoillseachadh ach gu robh purda ga chumail air ais.

Dh'fhaighnich Buill carson nach robh an stiùiridh ùr air Planaichean Gàidhlig air fhoillseachadh san làrach-lìn agus thug IMM fios air far an robh seo sa phròiseas.

Chaidh soilleireachadh nach robh aithisgean dearcnachaidh aig buidhnean ga fhoillseachadh air loidhne agus thug IMM fios mun adhbhar air cùlaibh seo. Mhol Buill gum biodh e feumail nan deach sgrùdadh a' dèanamh air na buidhnean aig a' bheil Planaichean Gàidhlig agus an fheadhainn a bu chòir fear fhoillseachadh aig nach eil mu thràth. Thug IMM fios air mar a bhios an stiùireadh ùr a' toirt buaidh air an dòigh airson gluasad air adhart sa phròiseas seo. Chaidh beachdachadh air ùine a chosg airson a bhith a' sgrùdadh Phlanaichean Gàidhlig agus càite bheil iad san fharsaingeachd agus mar as urrainnear a bhith gan leasachadh.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a bheireadh an Stiùiridh air Phlanaichean a' toirt buaidh air obair oifigearan. Thug IMM fios air ciamar a bhiodh seo a' brosnachadh conaltradh, co-obrachadh gus Phlanaichean a' dèanamh nas soirbheachail agus èifeachdach. Thug Buill moladh air an obair airson an obair a tha a' dol a-staigh gu ullachadh Phlanaichean agus gum biodh buaidh mhòr air an stiùireadh ùr air ciamar a b' urrainn do oifigearan a bhith a' cosg ùine air obair na rudan as cudromaiche.

Mhol Buill gum biodh coinneamh shònraichte a chur air dòigh airson coimhead ris an slighe air adhart le Phlanaichean Gàidhlig.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

3.2. Aithisg air Planaichean Gàidhlig

Thug IMM fios gu robh e air a bhith beachdachadh air dè an fhiosrachadh a bu choir do Bhuill fhaighinn air Planaichean Gàidhlig agus gur e amas an aithisg seo dealbh slàn a thoirt seachad don Bhòrd-stiùiridh.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

3.3. Fios as ùr air Foghlam

Thug a' Cheannard iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear. Thugadh fios gu robh an aithisg air solar 0-3 ri fhoillseachadh as dèidh an taghadh. Thug i cuideachd an aire don Bhile Foghlam (Alba) agus cho cudromach sa tha seo, agus gu robh seo air a' chlàr-gnothaich airson an ath choinneimh de Bhuidheann Foghlaim a bhios Bòrd na Gàidhlig a chur air dòigh. Thugadh fios gun tèid seisean fiosrachaidh a chur air dòigh don Bhòrd-stiùiridh a dh'aithghearr.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

4. Rianachd Mhì-chinntean

4.1. Clàr mhì-chinntean Ro-innleachdail

NP told Members that there had been no changes to risk ratings since the register was last presented to the Board but explained changes to actions and narratives which were approved by the Audit and Assurance Committee in May 2024. It was noted that the list of abbreviations would be updated for the next iteration.

When asked about the Stakeholder Survey, NP and the Ceannard provided an update on this and noted that the Corporate Plan, Communications Strategy and the Stakeholder Survey were being worked on together and would be presented to the Board in October 2024. The Ceannard told Members that there were a large number of stakeholders and collaboration was being viewed as a priority.

StML, Chair of the Audit and Assurance Committee, told Members about a report from Internal Auditors which had been positive and had included a recommendation which impacted on the presentation of the Risk Register. He noted that Internal Auditors had offered their support where needed.

Decision:

Members approved the Strategic Risk Register.

5. Aithisgean Bhliadhnail na Comataidhean

5.1. Aithisgean Bhliadhnail na Comataidhean

PT1 Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd 2023/24

Thug StML taing don luchd-obrach agus Buill a' Chomataidh airson an obair aca thar na bliadhna.

Chaidh soilleireachadh a thoirt mu na difear ìrean de bharantas a tha ri fhaighinn bhon luchd-sgrùdaidh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhachd.

PT2 Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2023/24

Thug SC taing do Bhuill agus luchd-obrach airson an taic agus foighidinn aca fhad 's a bha e a' faighinn suidhichte san ròl ùr aige mar Chathraiche na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan, agus airson an obair aca tron bhliadhna.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris an Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan.

6. Cùisean Corporra

6.1. Plana Trèanaidh

Thug KNG fios do Bhuill air an trèanadh a chaidh a dhèanamh thar na bliadhna a chaidh seachad agus na prìomhachasan airson am bliadhna ri thighinn.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris am Plana Trèanaidh.

6.2. Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd

Thug KNG fios nach robh tubaist aig ìre airson aithris ann an 2023/24 agus thugadh fios mu obair a dhèanamh air poileasaidhean obair co-ghnè, obair le Peninsula agus gun d' fhuair BnG bathar-bog ùr le trèanadh air stuthan slàinte is sàbhailteachd son luchd-obrach. Thug KNG tuilleadh fios do Bhuill air a chùmhnant le Peninsula.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don Aithisg Slàinte is Sàbhailteachd.

6.3. Gnàth Riaghailtean

Thug a' Cheannard fios do Bhuill nach deach atharraichean a dhèanamh dha na gnàth-riaghailtean bhon turas mu dheireadh a thàinig iad dhan Bhòrd-stiùiridh.

Dh'fhaighnich Buill mu tadhal air choimhearsnachdan agus thug a' Cheannard fios gu robhar an dùil ri seo a dhèanamh san Dàmhair.

Chaidh còmhradh a chumail mu dheidhinn an fòrmat ùr de na pàipearan agus na dòighean as fheàrr airson seo a dhèanamh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Gnàth Riaghailtean.

7. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

7.1. Plana Obrach a' Bhùird-stiùiridh

Thug a' Cheannard fios gu robh an Ro-innleachd Luchd-ùidh agus Ro-innleachd Chonaltraidh ri thighinn dhan Bhòrd-stiùiridh aig an ath choinneimh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris am Plana Obrach.

8. GISBE

Thug an Cathraiche taing do Dhòmhnall MacAoidh airson an obair aige mar Bhall den Bhòrd-stiùiridh agus gur e seo an coinneamh Bòrd-stiùiridh mu dheireadh aige.

Ceann-là na h-ath choinneimh: 10/10/2024

Deireadh an t-Seisein